



Tha Àrd-sgoil Greenfaulds a' faighinn tabhartas luach £10,000 bho Mhaoin Dualchais a' Chrannchuir Nàiseanta airson pròiseact sònraichte Dualchas Gàidhlig - Aithne.

Tha na Roinnean Gàidhlig agus Ealain is Dealbhaidh aig Àrd-sgoil Greenfaulds ann an Siorrachd Lannraig a Tuath air leth toilichte tabhartas de £10,000 bho Mhaoin Dualchais a' Chrannchuir Nàiseanta fhaighinn airson pròiseact dualchais inntinneach leis an ainm Aithne. Air a dhèanamh comasach le airgead air a thabhainn bhon Chrannchuir Nàiseanta, tha am pròiseact ag amas air cultar is dualchas na Gàidhlig a chomharrachadh, gu h-àraidh a' bhuidh mhaireannach aige ann an sgìre Chomar nan Allt. Leanaidh am pròiseact air adhart a' cur luach air cultar agus dualchas na Gàidhlig agus faicsinneach a' chànain air feadh Àrd-sgoil Greenfaulds.

Bidh am pròiseact a' toirt a-steach sgoilearan a bhios a' frithealadh Àrd-sgoil Greenfaulds, a bharrachd air daoine òga ann an coimhearsnachd na sgoile san fharsaingeachd aois 3-18 a gheibh cuireadh pàirt a ghabhail ann an raon de chofharpaisean co-cheangailte ris a' phròiseact, a' gabhail a-steach dèanamh dhealbhan, dealbhadh, agus togail dhealbhan.

Mar phàirt den phròiseact bidh an neach-ealain Ailean Potter ag obair còmhla ri sgoilearan Àrd-sgoil Greenfaulds gus sreath de mhosàigean mhòra tarraingeach a chruthachadh, a thèid a thaisbeanadh air feadh na sgoile, le cuideam air dearbh-aithne, a' rannsachadh cultar is dualchas na Gàidhlig. Ionnsaichidh sgoilearan raon de sgilean ùra agus gabhaidh iad pàirt ann an gnìomhan air am brosnachadh le cultar is dualchas na Gàidhlig. Bidh gnìomhan eile co-cheangailte ris a' phròiseact seo a' gabhail a-steach com-pàirtichean a' rannsachadh litreachas mu sgeulachdan beul-aithris, a bharrachd air tursan ionnsachaidh gu taighean-tasgaidh agus gailearaidhean ealain.

Tha iomadh ceangal ionadail aig cultar is dualchas na Gàidhlig ann an sgìre Chomar nan Allt agus tha am pròiseact ag amas air buaidh cultar na Gàidhlig air eachdraidh, traidiseanan agus cànan na h-Alba aithneachadh agus a chomharrachadh. Bidh Àrd-sgoil Greenfaulds a' tabhann foghlam tro mheadhan na Gàidhlig, còmhla ri foghlam àbhaisteach, agus broснаichidh Aithne barrachd dhaoine òga gus Gàidhlig ionnsachadh, a bharrachd air barrachd fhaighinn a-mach mun dualchas Albannach aca.

Thuir Jamie Vaughn-Sharp, Ceannard Àrd-sgoil Greenfaulds:

“Mar sgoil tha sinn air leth toilichte taic cho math fhaighinn le taing do chluicheadairean a' Chrannchuir Nàiseanta. Tha am pròiseact a tha an sgoil againn a' gabhail os làimh gus dualchas Gàidhlig na coimhearsnachd againn a



chomharrachadh na rud a chuireas an sàs ar sgoilearan, an teaghlaichean agus a' choimhearsnachd san fharsaingeachd. Mar choimhearsnachd sgoile a tha a' cur in-ghabhail aig cridhe ar cleachdadh, tha an comas air prìomh phàirt den choimhearsnachd in-ghabhalach againn aithneachadh agus a chomharrachadh air leth brosnachail.”

Notaichean do luchd-deasachaidh

Mu Mhaoin Dualchais a' Chrannchuir Nàiseanta.

A' cleachdadh airgead a thog an Crannchur Nàiseanta, bidh sinn a' brosnachadh, a' stiùireadh agus a' maoineachadh dualchas na RA gus atharrachadh adhartach is maireannach a chruthachadh do dhaoine agus do choimhearsnachdan, an-dràsta agus san àm ri teachd. www.heritagefund.org.uk.

Lean @HeritageFundUK air [Twitter](#), [Facebook](#) agus [Instagram](#) agus cleachd #NationalLotteryHeritageFund

Bho thòisich an Crannchur Nàiseanta ann an 1994, tha cluicheadairean a' Chrannchuir Nàiseanta air còrr air £43 billean a thogail airson pròiseactan agus chaidh còrr air 635,000 tabhartas a thoirt seachad air feadh na RA.

Tuilleadh fiosrachaidh

Mgr Dòmhnall MacAoidh

Àrd-sgoil Greenfaulds

01236 794 876

nlmackayd@northlan.org.uk